

Geàrr-iomradh gnìomha

Tha prìomh-shruthadh aig cridhe modh-obrach Iomairt na h-Alba a thaobh Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhalachd (ED&I).

Tha sinn air adhartas math a dhèanamh mu choinneamh nam builean a shuidhich sinn eadar 2021 – 2025 agus tha sinn misneachail mu chàileachd na h-obrach a tha dèante air co-ionannachd prìomh-shruth tarsainn ar gnothachais, an dà chuid mar sholaraidhe seirbheis agus fastaiche. Tha ar prìomh choileanaidhean a' gabhail a-steach:

- Dealas leantainneach aig àrd-ìre agus leasachadh air ar lìonraidhean co-ionannachd.
- Tha ath-ùrachadh ar modh trusaidh agus iomairtean mothachaidh brannd air toradh ann am meudachadh faicsinneach ann an tagraidhean, agallamhan agus màil bho bhuidhnean mion-chinnidheach.
- Tha trèanadh ùr àithnteil do cho-obraichean uile agus cuimse shònraichte air prìomh raointean a' gabhail a-steach am meanapàs, in-ghabhail aoise, cànan soidhnidh agus leth-breith ciorraim a' taisbeanadh dealas ar buidhne do ED&I.
- Leasachadh leantainneach air modh-obrach 'Mo Choimhearsnachdan' (lìonra chosnaichean) a tha a' sealltainn ar dealais a thaobh com-pàirt a ghabhail le buidhnean fo-riochdaichte, togail mothachadh agus solarachadh taic chomhaoisean is charaidean.
- Lùghdachadh leantainneach air a' bheàrn pàighidh gnèithe againn.

- Tha ar Sgioba Ùr-ghnàthachaidh Àite-obrach air taic a chur ri companaidhean gus gabhail ri cleachdaidhean dhaoine adhartach a tha a' cruthachadh àiteachan-obrach cothromach, in-ghabhalach agus cruth-atharrachail.
- Tha sinn air cuimseachadh gu làidir air dèanamh cinnteach gu bheil an taic a tha sinn a' leasachadh, ruigsinneach, freagarrach agus air a mhargaideachd aig eag-shiostam gnothachais iomlan na h-Alba.

Ged a tha tomhas a' fuireach dùbhlach far a bheil dàta cuibhrichte, tha sinn a' leantainn air adhart a' deuchainneadh dhòighean ùra air dàta a thional agus a mhion-sgrùdadh gus ar bunait fianais a leasachadh agus dealbhadh san àm ri teachd a stiùireadh còmhla ri libhrigeadh air eadar-theachdan in-ghabhalach.

A thaobh solar, tha sinn a' beachdachadh air co-ionannachd tron phròiseas tairgsidh, a' cur an gnìomh Measaidhean Buaidh Co-ionannachd agus Deuchainn Seasmhachd Riaghaltas na h-Alba, a tha a' beachdachadh barrachd air co-ionannachdan, buannachdan coimhearsnachd agus cleachdaidhean obrach cothromach.

A' coimhead air adhart, tha sinn a' suidheachadh bhuilean àrd-amasail don ath ùine aithris 2025-2029 agus tha an aithisg seo a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu iadsan ann an earrann 5. Gu geàrr, leanaidh sinn ag obair gus ar sgioba-obrach agus buill a' Bhùird a dhèanamh diofraichte tarsainn fheartan co-ionannachd uile agus co-ionannachd cothruim is builean do cho-obraichean, buill Bùird agus luchd-dèiligidh adhartachadh, anns an dòigh sam bi sinn a' dealbhadh agus a' libhrigeadh ar toraidhean is seirbheisean taic gnothachais.